



Teisteanais
Nàiseanta
2022

X832/76/11

Àrd-Ìre

DICIADAIN, 25 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Leughadh**
Gàidhlig Reading

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Litreachas. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Mus fàg thu seòmair na deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 1 *

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE

Am Fear-tadhail

Cha robh fhios aig Pòl dè bha a' cur dragh air. Cha robh e tinn, ach bha e air a shàrachadh. Bha e mar neach a bha air a bhith a' strì ùine mhòr ach a bha a-nis air gèilleadh ris an dorchadas.

5 Bha e dìreach air a cheann a chur air a' chluasaig nuair a chuala e fuaim ìosal. Bha dùil aige an toiseach gur e an cù a bh' ann ach thàinig e a-steach air an uair sin gun robh an cù air teicheadh bho chionn bliadhna agus nach do thill e. 'S fhada bhon a bha gach companach eile air a thrèigsinn.

Bha e na aonar a-nochd ach cha b' ann mar sin a bha e aig aon àm. Làithean sa bhaile mhòr . . . airgead a' dòrtadh tro a làmhan is caraidean air gach taobh . . . deoch is hòro-gheallaidh gu uairean beaga na maidne . . . guth air ciall cha robh ann . . .

10 Siud am fuaim a-rithist ach an turas seo aig doras a sheòmair-cadail. Bualadh slaodach trom, coltach ri drum. Dh'fhairich e pian na bhroilleach. Chlisg e agus chuir e a cheann fon chuibhrig. "C-c-cò tha siud?" dh'fhaighnich e ann an guth fann.

Cha tàinig bìg bho thaobh thall an dorais. Cha tàinig càil ach an aon bhualadh tùrsach goirt — buille a' breith air buille mar chridhe bochd ann an èiginn.

15 Thog e a cheann gu faiceallach às a' phlaide agus laigh a shùil air sgàthan a bha làimh ris an leabaidh. Chunnaic e aodann geal, preasach athar a' coimhead air ais air mar fhaileas de bhriseadh-dùil. Chuimhnich e air oidhcheannan eile nuair a chluinneadh e ceum athar air an staidhre. Thigeadh e airson dèanamh cinnteach gun robh Pòl far an robh còir aige a bhith. Ach cha b' e ceum athar a bha seo a-nochd. B' fhada bhon a chaill e an stiùir sin agus a fhuair e a shaorsa a ghabh grèim teann air a bheatha.

20 Stad am fuaim agus chunnaic Pòl làmh an dorais a' gluasad agus an doras a' fosgladh. Gun fhiosta, chuir e a làmh gu bhroilleach. 'S gann gum b' urrainn dha a shùilean a chreidsinn nuair a thàinig rudeigin a-steach còmhdaichte ann an dubh bho mhullach gu bhonn. Ged a bha cruth duine air, le ceann agus casan, dh'aithnich Pòl nach robh aodann idir air. Bha leabhar mòr dubh aige na làimh le glas dhearg air. Bha an duine (ma 's e duine a bh' ann) na sheasamh an siud gun ghluasad agus
25 bha na sùilean nach robh ann a' geur-amharc air.

Chuala e a ghuth fhèin a' faighneachd, "Cò thu?"

Cha tuirt am fear eile càil airson mionaid. Chunnaic Pòl làmh an duine a' gluasad gu aghaidh an leabhair. Thuit a' ghlas a bh' air an leabhar chun an làir agus i cho dearg ri fuil. Bhris i na criomagan. Bhris i na sgealpan. Dh'fhosgail an duine an leabhar 's e a' cumail sùil air Pòl.
30 Theannaich a chridhe mar snaidhm na bhroilleach.

"Tha mi," ars am fear dorcha, "air tighinn gad iarraidh. Feumaidh tu tighinn còmhla rium. Tha cabhag orm. Feumaidh mi tadhal air mòran a-nochd. Tha cabhag orm."

"Carson mise?" dh'fhaighnich Pòl. "Cho tràth? Cha robh dùil agam riut."

Thàinig freagairt ann an guth ìosal. "Cuimhnich a charaid, nach eil d' anail agad ach air iasad. Is
35 leamsa i agus tha mi ga h-iarraidh air ais."

Cha leigeadh an duine a leas innse do Phòl dè bha sgrìobhte air duilleagan geala an leabhair ach dh'innseadh faclan tìm an sgeulachd chaillte chiontach fhèin. Bha a chridhe a-nise a' sgreuchail na chluais ach cha robh càil a' choltais air an fhear dhubh gun robh e ga chluinntinn.

40 "A Phòil Mhic an t-Saoir, ged a dh'fhàs thu mòr, cha do dh'fhàs thu suas a-riamh. Nad òige, chluich thu geama far an robh thu nad shaighdear. Bliadhnaichean an dèidh sin, chluich thu an aon gheama a-rithist. Cogadh gun tròcair. Ach ged a bhuannaich thu, chaill thu thu fhèin cuideachd.

"Smaoinich a Phòil, air Màiri, i cho sèimh agus cho foighidneach. Ach leig thu sìos i. Cha do

45 sgrìobh thu a-riamh a’ bhàrdachd a bha thu an dùil a chruthachadh dhi. A’ bhàrdachd air an robh i airidh. Leig thu leis a’ ghràdh a bha agad oirre sìoladh às gus mu dheireadh, thàinig cuthag don dachaigh agus chaidh an nead a chreachadh. Cha tug an saoghal riamh mathanas dhut agus cha toir na . . .

Bha a bhroilleach a-nis gu spreadhadh — na chrìomagan, na sgealpan. Na èiginn dh’èigh e, “Aon latha eile. Nach toir thu . . . ?”

An e truas a chunnaic e ann an aodann falamh an duine ’s e a’ tionndadh ris an doras?

* * *

50 Bha a’ ghrian ag èirigh nuair a thàinig Pòl thuige fhèin agus dh’fhairich e buille fhallain, shocair na bhroilleach. Gu slaodach, chuir e a chasan gu làr, a’ gabhail iongnadh gun robh neart annta fhathast. Bha a shaoghal slàn a-rithist. Ach, nuair a laigh a shùil air na sgealpan dearga briste timcheall air, thuig e gun robh aige ri greimeachadh air an latha ùr a bha roimhe.

Stèidhichte air an sgeulachd ‘An Starsach’ le Dòmhnall Iain MacIomhair

COMHARRAN

Ceistean

Mura bi thu a’ cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d’ fhaclan fhèin a chleachdadh.

1. Dè seòrsa faireachdainnean a tha an sgrìobhadair a’ cruthachadh anns a’ chiad pharagraf. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 3 gu 8.

2. Seall mar a tha an sgrìobhadair a’ dèanamh soilleir gu bheil atharrachaidhean air tighinn air beatha Phòil thairis air na bliadhnaichean. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 9 gu 13.

3. Seall mar a tha an sgrìobhadair a’ dèanamh soilleir gu bheil an t-eagal air Pòl. 2
4. Tha fuaim cudromach sna loidhnichean seo airson an sgeulachd a leasachadh. Seall mar a chleachd an sgrìobhadair sgilean-sgrìobhaidh (a leithid taghadh-facail agus ìomhaigheachd) gus feum a dhèanamh de fhuaim. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 14 gu 19.

5. Thug an sgàthan cothrom do Phòl beachdachadh air a’ cheangal a bh’ eadar e fhèin is athair. Seall mar a bha an ceangal aig aon àm agus mar a dh’atharraich e. Cleachd fianais às an earrainn nad fhreagairt. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 20 gu 25.

6. Le eisimpleirean às an teacsa, seall mar a chruthaich an sgrìobhadair an creutair eagalach a nochd aig an doras. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 26 gu 30.

7. Seall dè cho èifeachdach ’s a tha an ìomhaigh den ghlais a bh’ air leabhar an fhir-tadhail. 2

Ceistean (a' leantainn)

Coimhead a-rithist air loidhnichean 31 gu 35.

8. Seall, le fianais, mar a tha e soilleir gur e am fear-tadhail a tha a' stiùireadh ghnothaichean anns an rùm. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 39 gu 41.

9. Tha an earrann seo ag innse beagan mu bheatha Phòil nuair a bha e na b' òige. Mìnich mar a tha an sgrìobhadair a' dèiligeadh ris an dà "chogadh" a chaidh ainmeachadh. 2

Coimhead a-rithist air loidhnichean 42 gu 45.

10. Dèan geàrr-chunntas air na dh'inns am fear-tadhail do Phòl mun cheangal eadar e fhèin is Màiri. Na tagh ach am fiosrachadh as cudromaiche gus seo a dhèanamh. Cleachd na facail agad fhèin cho fad 's a ghabhas. 3

Coimhead a-rithist air loidhnichean 46 gu 48.

11. Chaidh iomradh a dhèanamh air cridhe Phòil grunn thursan san sgeulachd. Seall, le fianais, mar a tha an ìomhaigh leantainneach a' toirt dealbh dhuinn de na bha a' tachairt do Phòl aig an àm. 3

Thoir sùil air a' pharagraf mu dheireadh.

12. Mìnich mar a tha deireadh na sgeulachd èifeachdach ann an bhith a' togail air na thachair roimhe. Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air plota, ìomhaigheachd, taghadh-facail no teachdaireachd. Cleachd fianais nad fhreagairt. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[FOSGAIL A-MACH]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Acknowledgement of copyright

Text — Text is adapted from “An Starsach” by Donald John Maciver. Reproduced by kind permission of Alice Maciver.